

curraicealam airson sàr-mhathais:
àireamhachd thar ionnsachaidh
prionnsapalan agus cleachdadh

www.gaidhlig.ltscotland.org.uk



Àireamhachd thar ionnsachaidh Prionnsapalan agus cleachdadh

Tha dleastanas air luchd-teagaisg uile a bhith a' toirt àireamhachd air adhart. Leis mar a tha cuideam nas motha ga chur air àireamhachd do dhaoine òga, feumaidh luchd-teagaisg a bhith a' planadh airson a bhith a' dol thairis air sgilean àireamhachd tron sgoil agus a bhith gan daingneachadh.

Togail a' Churraicealaim 1

Feumaidh a h-uile sgoil, agus na bhios ag obair còmhla riutha, ro-innleachd a bhith aca airson dèanamh cinnteach gun ruig clann agus daoine òga ìrean àrd ann an sgilean àireamhachd thar a' churraicealaim. Bidh na ro-innleachdan sin stèidhichte air an aon tuigse a bhith aig an luchd-obrach uile mu mar a bhios clann agus daoine òga a' dèanamh adhartas ann an àireamhachd agus mu dheagh ionnsachadh is teagasg ann an àireamhachd. Ma bhios iad a' co-obrachadh còmhla ri daoine eile taobh a-staigh an roinn fhèin, me na tràth bhliadhnaichean, sgoil, suidheachadh obrach òigridh no colaiste, agus a' co-obrachadh eadar roinnean, cuidichidh sin luchd-obrach gu bhith a' lorg chothroman air sgilean àireamhachd a thoirt air adhart agus a dhàingneachadh nan teagasg.

Dè tha a bhith àireamhachail a' ciallachadh?

Tha a bhith àireamhachail gar cuideachadh gu bhith soirbheachail nar beatha làitheil agus a bhith feumail dhan t-saoghal mun cuairt oirnn. Tha e a' cur ri ar cothroman ann an saoghal na h-obrach agus a' toirt dhuinn bunait air am faod sinn togail tro ionnsachadh fad-beatha. Chan e a-mhàin fo-sheata de mhatamataig a tha ann an àireamhachd; 's e sgil beatha a tha ann cuideachd, a tha a' buntainn agus a' cur taic ri gach raon de dh'ionnsachadh, agus mar sin a tha a' toirt cothrom do dhaoine òga ruighinn air farsaingeachd a' churraicealaim.

Tha sinn àireamhachail ma thog sinn:

am misneachd agus comas ann an àireamhachd a leigeas leinn ceistean a fhreagairt, fiosrachadh a sgrùdadh agus co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh stèidhichte air àireamhachadh.

Bidh neach àireamhachail air sgilean bunaiteach a thogail agus a leasachadh, agus bidh e/i comasach air pròiseasan àireamhachd a chur an gnìomh. A bharrachd air seo tha a bhith àireamhachail a' toirt cothrom dhuinn air fiosrachadh fhaighinn agus a mhìneachadh, air aithneachadh dè tha comasach, diofar roghainnean a chothromachadh an aghaidh a chèile agus co-dhùnadh a dhèanamh mun roghainn as freagarraiche.

'S e sgil beatha, ionnsachaidh agus obrach a tha ann an àireamhachd. Tha sgilean àireamhachd a tha air an deagh leasachadh a' toirt cothrom do dhaoine òga a bhith nas misneachaile ann an suidheachaidhean sòisealta agus barrachd tlachd fhaighinn à grunn chur-seachadan. Air an adhbhar sin agus air mòran adhbharan eile, tha pàirt cudromach aig a h-uile neach-teagaisg ann a bhith a' cur ri sgilean àireamhachd chloinne agus a h-uile neach òg.

Tha daoine àireamhachail a' cur earbsa anns an fhiosrachadh, na bun-bheachdan agus na sgilean a tha iad air a thogail agus tha iad an-còmhnaidh a' dol thairis orra agus a' cur riutha. Bidh luchd-obrach uile, nuair a tha iad a' cleachdadh aithrisean nan eòlasan agus builean airson ionnsachadh a phlanadh, a' dèanamh cinnteach gum bithear a' dol thairis a-rithist air na sgilean àireamhachd a chaidh a thogail aig na tràth ìrean agus às dèidh sin, agus gan ùrachadh tron sgoil agus air adhart gu ionnsachadh fad-beatha.

Ciamar a tha na h-eòlasan agus builean àireamhachd air an cur ri chèile?

Tha na h-eòlasan agus builean àireamhachd air an cur ri chèile fo ochd cinn:

- Tuairmseadh agus cruinneachadh
- Àireamh agus pròiseasan àireimh
- Bloighean, bloighean deiceach agus ceudadan
- Airgead
- Uair
- Tomhas
- Dàta agus anailis
- Beachdan coltachd agus mì-chinnt.

Bidh luchd-teagaisg eòlach air gach aon de na roinnean sin de dh'àireamhachd agus a' faicinn mar a tha buaidh aca air am beatha fhèin. Bidh smaoineachadh air seo a' cuideachadh luchd-teagaisg gu bhith a' lorg chothroman airson àireamhachd chloinne agus dhaoine òga a leasachadh.

Chan e Matamataig an cuspair agam. Ciamar a chuireas mi ri leasachadh sgilean àireamhachd?

Do luchd-teagaisg fa leth anns na h-àrd-sgoiltean agus do luchd-cleachdaidh eile, tha e a' ciallachadh a bhith a' faighneachd na ceist, 'Ciamar a tha mi a' coileanadh feumalachdan àireamhachd an luchd-ionnsachaidh a tha air mo bheulaibh?' Chan eil seo a' ciallachadh gum bi thu a' teagasg a h-uile nì a bhios neach-teagaisg matamataig a' dèanamh ach gum bi thu a' smaoinichadh air na h-eòlasan matamataigeach as urrainn dhut a thoirt do na daoine òga. Bidh a' bhuidheas as motha aige air luchd-ionnsachaidh ma bhios luchd-cleachdaidh uile, anns gach àrainneachd ionnsachaidh, a' toirt a-steach eòlasan àireamhachd saidhbhir mar phàirt den prògraman ionnsachaidh bho latha gu latha.

Dh'fhaodadh tu tòiseachadh le bhith a' faighneachd dè an ìre gu bheil thu a cheana a' toirt eòlasan àireamhachd don luchd-ionnsachaidh. Mar chiad cheum, 's dòcha gum bi thu ag iarraidh smaoinichadh air far a bheil pàirt aig àireamhachd anns na roinnean den churraicealaim sa bheil thusa an sàs. A bheil am prògram agad a' gabhail a-steach tuairmseadh, tomhas, cleachdadh agus a bhith a' dèanamh an fheum as fheàrr de thìde no ag obrachadh a-mach airgead? A bheil leughadh fiosrachaidh bho chlàran agus chlàran-ama sa phrògram, no mineachadh air toraidhean ghnìomhan? Ma tha, agus ma tha thu a' cur cuideam air a seo agus a' togail air anns na gnìomhan ionnsachaidh agad, tha thu a' cur gu mòr ri leasachadh àireamhachd an luchd-ionnsachaidh uile.

Cò ris a tha ionnsachadh agus teagasg èifeachdach ann an àireamhachd coltach?

Tha na h-eòlasan agus builean a' toirt air adhart, agus a' cur taic ri, dòighean ionnsachaidh is teagasg èifeachdach a bhrosnaicheas ùidh chloinne agus dhaoine òga agus a dh'àrdaicheas an comas cruthachaidh agus an innleachdas.

Bidh àrainneachd shaidhbhir, thaiceil a' gabhail a-steach measgachadh sgileil de dhòighean-obrach eadar-dhealaichte, nam measg:

- ionnsachadh gnìomhach agus cluich a bhios air a phlanadh airson adhbhar
- a bhith a' toirt air adhart comas freagairt cheistean
- a bhith a' toirt air adhart sùbailteachd inntinn
- a bhith gu tric ag iarraidh air a' chloinn an smuaintean a mhìneachadh
- teacsaichean agus eòlasan air a bheil clann agus daoine òga eòlach agus aig a bheil buntanas rim beatha
- a bhith a' cleachdadh teicneòlas ann an dòigh fhreagarrach agus èifeachdach
- a bhith a' togail air prionnsapalan Measadh airson Ionnsachadh, a' gabhail a-steach tuigse air adhbhar nan gnìomhan agus am buntanas ri rudan eile
- ionnsachadh co-obrachail agus neo-eisimeileach
- a bhith gu tric a' dèanamh cheanglaichean tar-churraicealam, gus am bi bun-bheachdan agus sgilean air an toirt air adhart gu ìre nas motha le bhith gan cur an cèill ann an co-theacsan iomchaidh eadar-dhealaichte
- a bhith ag àrdachadh ùidh agus tlachd ann an àireamhachd.

Bidh luchd-teagaisg a' planadh airson sgilean àireamhachd bunaiteach chloinne a stèidheachadh agus a dhaingneachadh, a' cleachdadh dhòighean beothail agus eadar-obrachail, airson gum faigh clann tuigse sheasmhach mu àireamhan. Tro leithid sin a dhòighean, bidh am misneachd a' fàs ann an cuimhneachadh agus ann a bhith a' cleachdadh cheangalan àireamhan ri fiosrachadh iomadachaidh, ann an tuigse air luach-àite, agus ann an cur an cèill ro-innleachdan obair-cinn. Bidh luchd-teagaisg a' daingneachadh nan sgilean sin gu cunbhalach tro shaoghal foghlaim gach pàiste agus gach neach òg.

Ciamar a dh'àrdaicheas mi adhartas ann an leasachadh sgilean àireamhachd chloinne agus dhaoine òga? Ciamar a bhios fios agam dè na sgilean àireamhachaidh a bu chòir dhomh a leasachadh agus gu bheil iad aig ìre fhreagarrach?

Nì clann agus daoine òga an t-adhartas as fheàrr ann an àireamhachd tro bhith a' cur rin eòlas air na prìomh bhun-bheachdan mean air mhean agus a bhith a' cur an sgilean gu feum ann an co-theacsan ùra. Tha puingean ionnsachaidh bunaiteach co-cheangailte ri na 'slighean adhartais' sin: tha iad a' toirt cothrom do luchd-teagaisg a bhith a' faicinn adhartas ann an tuigse pàiste no neach òg agus na h-ath cheuman a ghabhas àite. Tha e deatamach gum bi luchd-teagaisg ag obair còmhla airson cur ris an an tuigse choitcheann aca air adhartas.

Chan eil crìochan air a chur air adhartas anns na h-aithrisean eòlasan agus builean, airson gum faod clann agus daoine òga uile a bhith a' faighinn dùbhlàn aig ìre fhreagarrach. Cuidichidh co-obrachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil aonta ann a thaobh nan ìrean a thathas a' sùileachadh agus a thaobh dè tha ann an ionnsachadh agus teagasg àireamhachd mhath.

Tha e cudromach a bhith a' planadh còmhla airson na co-theacsan sam bi clann agus daoine òga ag ionnsachadh is a' cur an sgilean àireamhachd gu feum. Feumaidh clann agus daoine òga cothroman air diofar sgilean àireamhachd, bho na diofar shlighean adhartais, a thoirt còmhla ann an doighean eadar-dhealaichte. Tha ionnsachadh aig ìre àrd an crochadh air a bhith a' faighinn co-chothromachadh freagarrach eadar a bhith a' togail fiosrachadh feumail agus a bhith ga fhiغه a-steach agus ga chur an gnìomh ann an co-theacsan a tha an dà chuid cumanta agus mac-meanmnach.

A bheil sinn a' sùileachadh barrachd ann an àireamhachd?

Tha na tha sinn a' sùileachadh a thaobh àireamhachd dha-rìribh nas àirde na bha. Tha seo air sgàth 's gu bheil a' faicinn gun teagamh sam bith gum feum sinn ìrean coileanaidh ann an àireamhachd a thogail, agus an cumail suas tro ionnsachadh fad-beatha. Tha mòran dhùthchannan eile ag àrdachadh an ìrean coileanaidh ann an àireamhachd an cloinne, an daoine òga agus an sluaigh san fharsaingeachd. Tha feum aig Alba air obrachadh aig an ìre as àirde, agus mar sin tha e cudromach comasan àireamhachd àrdachadh airson math gach neach fa leth agus cuideachadh le soirbheachadh ar dùthcha.

Airson taic a chur ri seo, bu chòir do eòlasan agus bhuilean gun chrìochan dèanamh cinnteach gu bheil daoine òga a' faighinn dùbhlann aig ìre fhreagarrach agus a' faighinn cothrom air adhartas a dhèanamh aig astar a thathar a' meas freagarrach. Tha an inbhe coileanaidh aig a' cheathramh ìre air a dealbhadh gus a bhith dlùth air ìre 4 den SCQF.

Tha am pàipear seo agus na h-eòlasan agus builean ann an àireamhachd a' toirt aithris shoilleir air na h-amasan a chuidicheas luchd-cleachdaidh uile ann a bhith a' gabhail gu misneachail ris an dleastanas chudromach a tha oirnn uile a thaobh sgilean àireamhachd ar cloinne agus ar daoine òga a thoirt air adhart.

Cò ris a tha measadh àireamhachd coltach?

(Tha an earrann seo a' dol leis a' chomhairle airson matamataig agus àireamhachd.)

On tha àireamhachd na uallach air an luchd-obrach uile, agus seach gu bheil àireamhachd cudromach thar gach pàirt de dh'ionnsachadh neach òg, bu chòir don luchd-obrach uile a bhith soilleir mu an dleastanas agus mun uallaichean a thaobh measadh àireamhachd. Bidh measadh àireamhachd a' cuimseachadh air cho comasach 's a tha clann agus daoine òga air obrachadh le àireamhan agus le dàta, agus cho math 's as urrainn dhaibh an cur gu feum nan ionnsachadh agus nam beatha, a' gabhail a-steach ullachadh airson obair san àm ri teachd. Bho na tràth bhliadhnaichean chun nan ìrean as àirde, agus gu h-àraidh aig amannan gluasad eadar ìrean foghlaim, tha e fìor chudromach gum bi dealbh shoilleir ann den adhartas a tha gach pàiste agus neach òg a' dèanamh thar gach roinn de dh'àireamhachd, gus am faodar tuilleadh ionnsachaidh a phlanadh no dìth adhartais a chur ceart.

Faodaidh luchd-teagaisg dearbhadh a thional air adhartas mar phàirt den ionnsachadh bho latha gu latha anns na clasaichean matamataig agus thar a' churraicealaim. Bidh cleachdadh gnìomhan measaidh sònraichte cudromach ann a bhith a' measadh adhartas aig prìomh ìrean ionnsachaidh. Chithear adhartas chloinne agus dhaoine òga nan sgilean ann a bhith a' cleachdadh àireamhan airson ceistean a fhreagairt, ann an sgrùdadh air fiosrachadh agus ann a bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean fiosraichte, stèidhichte air àireamhachadh. Bu chòir do dhòighean-obrach ann am measadh a bhith a' comharrachadh na h-ìre gun urrainn clann agus daoine òga na sgilean sin a chur an gnìomh nan ionnsachadh sa chlas agus air taobh a-muigh an t-seòmair-teagaisg, nam beatha làitheil agus ann an ullachadh airson saoghal na h-obrach.

Mar a bhios clann agus daoine òga a' togail mean air mhean air na bun-bheachdan agus air na sgilean a tha anns na h-eòlasan agus builean, bidh iad a' sealltainn an comais agus am misneachd ann a bhith gan cur an gnìomh ann an diofar dhòighean. Mar eisimpleir:

- An urrainn dhaibh an smuaintean a mhìneachadh airson sealltainn gu bheil iad a' tuigsinn phròiseasan agus bhun-bheachdan àireamhachd?
- A bheil iad a' toirt air adhart, ann an dòigh chinnteach, an raon de sgilean agus chomasan a tha air am mìneachadh anns na h-eòlasan agus builean? Nuair a bhios iad gan cur an sàs ann an ceistean, a bheil iad comasach air tarraing air sgilean agus air bun-bheachdan a dh'ionnsaich iad roimhe?
- Nuair a bhios iad a' dèiligeadh ri ceistean ann an co-theacsan air nach eil iad eòlach, an urrainn dhaibh na sgilean agus na bun-bheachdan a tha a' freagairt air a' cheist aithneachadh le misneachd? A bheil iad comasach air an sgilean a chur an gnìomh gu mionaideach nuair a tha iad ag obair leotha fhèin agus còmhla ri daoine eile, agus an urrainn dhaibh an uair sin am freagairtean a mheasadh?
- A bheil iad nas tuigsiche mu ionmhas pearsanta?
- A bheil iad comasach air dàta a luachadh airson co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh?

- A bheil iad comasach air a dhol an sàs ann, agus air crìoch a chur air, gnìomhan obrach agus dleastanasan sònraichte?

Tha measadh àireamhachd thar-ionnsachaidh, an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh an t-seòmair-teagaisg, a' tairgsinn chothroman dhan chloinn agus do dhaoine òga an sgilean a chleachdadh agus a leudachadh, mar eisimpleir an taobh a-staigh obair iomairt, rannsachaidhean sòisealta, teicneòlasan agus saidheans.